



2022 Soillse: Co-labhairt Eadar-nàiseanta

Gairm Phàipearan

**A' Cur Phoileasaidhean Mion-chànain an Sàs
ann an Coimhearsnachdan Ionadail**



2022 Soillse: Co-labhairt Eadar-nàiseanta
A' Cur Phoileasaidhean Mion-chànain an Sàs ann an Coimhearsnachdan Ionadail,
Caladh Inn, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, Alba

29–31 An Lùnastal 2022

Prìomh Òraidichean Dearbhte:

François Grin (Oilthigh Geneva)

Pàdruig Moireasdan (Iomairtiche na Gàidhlig)

Jane NicLeòid (Iomairtiche na Gàidhlig)

Agnes Rennie (Urras Oighreachd Ghabhsainn)

Lowri Cunnington Wynn (Oilthigh Aberystwyth)

Tèama

'S e amas na co-labhairt seo sgrùdadh a dhèanamh air na dùbhlannan mòra a tha rim faicinn le buidhnean mion-chànain a tha ann am fìor èiginn. 'S e prìomh adhbhar na co-labhairt poileasaidhean agus iomairtean a dheasbad le bhith ag amas air feabhas a thoirt air coluadar aig ìre ionadail gus barrachd spionnaidh a thoirt dha luchd-labhairt anns an t-suideachadh aca fhèin. 'S e cnag na cùise poileasaidhean cànan a dhealbhadh a tha gu bhith èifeachdach, agus cothrom a thoirt dha luchd-labhairt anns na coimhearsnachdan ionadail aca fhèin a bhith an sàs gu mòr anns an iomairt gu seachd àraid an lùib ath-bheòthachadh shòisio-eaconomach. Tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a' cur na co-labhairt seo air dòigh ann an Steòrnabhagh, anns na h-Eileanan an Iar, gus cothrom a thoirt dha buill de na coimhearsnachdan a bhith an sàs anns na deasbadaan a bhios againn, cothrom a thoirt dhaibh an guthan fhèin a thogail, agus èisteachd a thoirt dha beachdan eadar-dhealaichte.

Dùbhlann

Bu mhiann leinn cothrom a thoirt dha luchd-iomairt gus beachdachadh air na caochladh dhòighean anns a bheil mì-thuigse no mì-rèite eadar poileasaidhean neo-fhreagarrach, samhachail airson iomadachd chànan a tha air an sparradh orra air an aon làimh, agus a bhith beò ann an saoghal far a bheil cugallachd no crìonadh sòisealta a' bualadh air iomadh buidheann mion-chànain, air an làimh eile.

Cothrom

Bidh a' cho-labhairt seo a' toirt cothrom dha daoine iomairtean poileasaidh agus planadh cànan ùra a mholadh agus a bhios nas èifeachdaiche na tha na h-iomairtean sin an-dràsta, a tha gu ìre mhòr samhachail no stèidhte air beachdan bhuidhnean oifigeil, agus le laigsean gu leòr nan lùib. Bu mhiann leinn fàilte a chur air daoine bho dhiofar bhuidhnean mion-chànain, nam measg luchd-rannsachaidh, luchd-poileasaidh, luchd-cleachdaidh, luchd-iomairt mhion-chànain agus daoine bhon choimhearsnachd, a thighinn cruinn còmhla airson rannsachadh is eòlas mion-chànain a cho-roinneadh gus an tèid seallaidhean ùra air ath-bheòthachadh mhion-chànain a bhrosnachadh agus cothroman co-obrachaidh ùra a chomharrachadh.

Co-theacs Shòisio-chànainachais

Tha e faineair dhan cho-labhairt a bhith a' togail air deasbadaan an latha an-diugh agus a bhith a' cur ris na gnothaichean air an tug Soillse iomradh anns an leabhar *The Gaelic Crisis in the Vernacular Community: A comprehensive sociolinguistic survey of Scottish Gaelic*. Le bhith a' toirt cothrom dhan h-uile duine pàirt a ghabhail innte, tha a' cho-labhairt a' toirt cothrom dha diofar riochdairean bho choimhearsnachdan nan eilean coimeas a dhèanamh eadar an suidheachadh aca fhèin agus suidheachadh buidhnean mhion-chànain eile aig a bheil a leithid de dhùbhlannan mòra is iad a' faicinn an cànan a' crìonadh. Cuideachd, bidh cothrom ann sgrùdadh a dhèanamh air buaidh poileasaidhean-cànain ann an coimhearsnachdan mion-chànain eile a tha ann an cunnart.

Cuspairean

Thèid gabhail ri taisbeanaidhean aig a bheil ceangal ri na cuspairean a leanas:

- Eadraiginn an lùib poileasaidhean cànanain ann an mìon-chànan ann am fìor èiginn
- Gnothaichean deamo-chànanachais an lùib seargadh mhion-chànanain
- Pròiseasan ann an crìonadh sòisealta an lùib buidhnean eit-chànanachais
- Gnothaichean sòisio-chànanachais an lùib togail-cànanain ann am buidhnean mìon-chànanain ann an cunnart
- Sgrùdadh coimeasach air coimhearsnachdan mìon-chànanain
- Dùbhlanan le prìomhachasan an lùib planadh mìon-chànanain
- Claon-bhriathrachas an lùib coimhearsnachdan mìon-chànanain
- Gnothaichean an lùib spionnadh, misneachd agus cumhachd chultarach a-measg bhuidhnean mìon-chànanain
- Feum airson oidhirpean luchd-iomairt an lùib planadh agus poileasaidhean cànanain
- Teòiridh shòisio-eòlasach agus seasmhachd mìon-chànanain
- Gnothaichean imrich a-mach/a-steach agus mar a tha a leithid a' toirt buaidh air coimhearsnachdan ionadail agus LPP
- Sòisio-eaconomas agus poileasaidhean cànanain airson buidhnean mìon-chànanain ann am fìor èiginn
- Feum air oidhirpean bho luchd-labhairt tùsail airson a bhith an sàs gu h-èifeachdach ann an poileasaidhean cànanain
- Dùbhlanan a thaobh iomadachd mhion-chànanan agus cultar iar-nuadh
- Dàimh eadar mòr-iomadachd agus meanbh-iomadachd ann an suidheachaidhean gluasad-cànanain
- Cultar-catharra agus mìon-chànan

Tuilleadh Fiosrachaidh

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu gheàrr-chunntasan, àiteachan-fuirich, siubhail agus clàr-ama na co-labhairt san aithghearrachd. Anns an eadar-ama, ma tha ùidh agaibh no tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh, cuiribh fios thugainn: conference2022@soillse.ac.uk.